

10 Samhain 2006

CO-CHOMHAIRLE AIR PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG FREAGAIRT BHO ‘BOTHAN’

Tha sinn a’ cur nam beachdan a leanas thugaibh às leth Bothan, buidheann-choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Dùn Èideann. Is iad na h-amasan aig Bothan a bhith a’ brosnachadh is a’ cur air adhart cànan agus cultar na Gàidhlig ann an cathair-bhaile Dhùn Èideann, le bhith a’ tarraing muinntir na coimhearsnachd Ghàidhlig còmhla, an dà chuid fileantaich agus luchd-ionnsachaidh, agus a bhith a’ seasamh còirichean na Gàidhlig is nan Gàidheal ann am prìomh-bhaile na h-Alba, gu seachd sònraichte air beulaibh nan ùghdarrasan oifigeil.

Tha sinn a’ cur fàilte air a’ Phlana Nàiseanta. Tha e cudromach gum faigh am Plana seo taic làidir bhon choimhearsnachd Ghàidhlig agus bho na buidhnean poblach — air feadh Alba.

Tha sinn toilichte gu bheil am Bòrd a’ cur cuideam air ‘taic ri cruthan ùr-nodha de choimhearsnachdan Gàidhlig-mheadhanach’ (td. 15). Tha Bothan a’ feuchainn ri coimhearsnachd ùr a chruthachadh anns a’ bhaile mhòr, rud nach eil idir furasta. A rèir cunntas-sluaigh 2001 tha còrr is 3,000 duine ann an Dùn Èideann a tha bruidhinn Ghàidhlig agus còrr is 6,000 aig a bheil comas bruidhne, leughaidh, sgrìobhaidh no tuigsinn anns a’ Ghàidhlig. Ach a dh’aindeoin ar n-oidhirpean tha e anabarrach duilich na daoine seo a lorg. Cha bhi faisg air 3,000 duine ann an Dùn Èideann a’ gabhail pàirt ann an tachartasan Gàidhlig no ann am buidhnean Gàidhlig. Tha e na dhùbhlán dhuinne na mìltean sin a thoirt a-steach do ‘shaoghal Gàidhlig a’ bhaile mhòir’. Tha sinn feumach air taic a’ Bhùird leis an obair seo, agus tha sinn an dòchas gun toir am Bòrd prìomhachas dhan amas seo.

Tha Bothan cuideachd a’ cur cuideam làidir air *cleachdadh* na Gàidhlig. Thèid a h-uile tachartas agus coinneamh againn a chumail tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an nòs sin air leth cudromach, gu h-àraidh aig na tachartasan poblach a bhios sinn a’ cumail a h-uile mìos (oidhcheannan neo-fhoirmeil de dh’òrain, ceòl, cainnt is craic mar as trice). Tha sinn a’ tàladh measgachadh de Ghàidheil is Goill, fileantaich is luchd-ionnsachaidh, Albannaich is coigrich, ach tha sinn a’ faicinn gu bheil daoine comhartail le bhith a’ cluinntinn Gàidhlig ge b’e dè na sgilean a th’aca. Dhuinne, seo nàdar de ‘àbhaisteachadh’ airson na Gàidhlig agus tha an cleachdadh sin air a bhith gu math soirbheachail: tha daoine a-nis ga mheas ‘nàdarra’. Tuigidh sibh gum bi tòrr thachartasan Gàidhlig gan cumail tro mheadhan na Beurla, rud a tha dèanamh cron mòr don chànan. Tha sinn an dòchas gum bi am Bòrd a’ toirt prìomhachas do *chleachdadh* na Gàidhlig ann an tachartasan coimhearsnachd, gu h-àraidh an lùib nan ealan ‘Gàidhlig’.

Tha sinn an dòchas gum bi na beachdan seo feumail dhuibh, agus tha sinn a’ toirt ar cead dhuibh am foillseachadh. Guma math thèid leibh.

Leis gach deagh dhùrachd

Ceitidh Mhoireach
Rùnaire